

Coinneamh: Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan
Ceann-là/Àm: 20 Samhain 2025 aig 09.30
Càite: Microsoft Teams

Geàrr-chunntas – Seisean Fosgailte

1. Cùisean Tòiseachaidh

1.1. Fàilte is Leisgeulan

Buill Comataidh an Làthair:

Seonaidh Charity (Cathraiche) [SC]

John N Dòmhnallach [JND]

Màiri NicAonghais [MTNA]

Michelle NicLeòid [MNL]

A' Frithealadh:

Ealasaid Dhòmhnallach, Ceannard/Oifigear Cunntachail [ED]

Stuart Dunmore, Manaidsear Planaidh is Gnìomhan Reachdail [SD]

Iain Mac a' Mhaoilein, Stiùiriche Leasachaidh [IMM]

Steven Kellow, Oifigear Maoineachaidh is Phròiseactan [SK]

Nicola Pearson, Ceann an Ionmhas is Cùisean Corporra [NP]

Calum Rothach, Ceannard Foghlaim agus Phlanaichean [CR]

Geàrr-chunntas:

Nicola NicThòmais, Lasair Ltd.

Leisgeulan

Bha na buill uile an làthair.

1.2. A' Nochdadh Chom-pàirtean

Cha robh gin ann.

1.3. Gnothaich Iomchaidh Sam Bith Eile (GISBE)

Pròiseas Disclosure Scotland

2. Ionmhas

2.1. Aithisg Ionmhais

Thug NP aithris labhairteach air suidheachadh an ionmhais.

Tha gnothaichean 2% air dheireadh seach am buidseat, gu deireadh an Dàmhair, le £48,000 sa bhanca a dh'fheumas a chosg ro deireadh na bliadhna ionmhais. Thathas cofhurtail gu leòr gun tèid a chothromachadh tron bhliadhna. Thig aithisg sgrìobhte gu Buill às dèidh na coinneimh.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don aithris labhairteach ionmhais.

3. Cleachdadh

3.1. Aithisg Leasachaidh

Bhruidhinn IMM ris an aithisg leasachaidh.

Tha adhartas ri fhaicinn anns na dòighean anns a bheil na buidhnean ag obair còmhla anns na coimhearsnachdan agus bu chòir gum faicear buaidh às a sin.

Sgeama Oifigearan

Tha an Sgeama Oifigearan a' dol gu math 's chan eil ach trì buidhnean fhathast a' trusadh Oifigear Gàidhlig. Thog Ball ceist nach eil ìre pàighidh nan Oifigearan Gàidhlig eadar-dhealaichte am measg nan diofar bhuidhnean, ach chaidh innse nach e gnothaich a' Bhùird a tha siud, leis nach eilear gam fastadh. Bidh diofar dhleasan aig Oifigearan a rèir ìre-obrach agus an raon/coimhearsnachd anns a bheil iad.

Lionradh nan Oifigearan

Tha barrachd Oifigearan a' frithealadh nan seiseanan seo agus tha trèanadh agus susbaint ann a tha feumail dhaibh, a bharrachd air conaltradh nas fheàrr agus dàimhean gan neartachadh.

Planaichean Coimhearsnachd

Tha Plana Uibhist a' tighinn air adhart. Bhathas den bheachd gun dèan na Planaichean Coimhearsnachd feum agus mar thà gu bheil barrachd ùidh sa Ghàidhlig, mar eisimpleir, bha Buill air am brosnachadh na h-uimhir chlann à Uibhist fhaicinn a' gabhail pàirt aig a' Mhòd Nàiseanta.

Riaghladh nam Buidhnean

Bha cruinneachadh de cheannardan nam Buidhnean Lìbhrigidh ann an Glaschu na bu tràithe air a' mhios, far an do rinneadh seisean feumail air Neartachadh Riaghladh le Lasair. Bha na Buidhnean glè thaingeil airson a' chothrom tighinn còmhla. Tha suim bheag ri chleachdadh tro cho-obrachadh nam Buidhnean Lìbhrigidh agus thathas ag amas air beachdan airson sin a thoirt air adhart.

Chaidh ceistean a thogail a thaobh buaidh, mar a thathas ga thomhas, agus beachdan a thaobh Achd na Cànan 's mar a bheir sin buaidh air obair nam buidhnean air fad agus anns na coimhearsnachdan.

Thugadh taing do IMM agus SK airson an cuid-obrach.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don Aithisg Leasachaidh bhrosnachail.

4. Planaichean Gàidhlig

4.1 Planaichean Reachdail

Bhruidhinn IM agus SD ris a' phàipear airson fiosrachaidh.

Tha 3 Oifigearan agus Manaidsear san sgioba slàn a-nise, a' toirt cothrom math a bhith a' coinneachadh ri barrachd bhuidhnean.

Ro dheireadh na bliadhna ionmhais 2025-26, thathar an dòchas gun tèid 12 planaichean reachdail fhathast air beulaibh Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan.

Thugadh beagan mìneachaidh a thaobh a' phròiseas nan diùltadh buidhnean Plana a sgrìobhadh. Tha na Buidhnean san fharsaingeachd ag aithneachadh gu bheil an sgioba aig Bòrd na Gàidhlig taiceil. Ged a bhios cumhachdan ùr an lùib na h-Achd, thathas ag amas air deagh chonaltradh a bhrosnachadh seach cumhachd a sparradh air na buidhnean.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don Aithisg mu Phlanaichean Reachdail.

4.2 Buidhnean ùra a thoirt a-steach don phròiseas reachdail

Mar thoradh air Achd an Fhoghlaim 2025, bidh *Foghlam Alba* agus *Luchd-sgrùdaidh an Rìgh airson Foghlam (HMle)* a-nise nam buidhnean fa leth.

Mar thoradh air Achd an Fhoghlaim 2025 thèid *Ùghdarras Theisteanas na h-Alba (SQA)* à bith ro dheireadh 2025, agus buidheann ùr, *Teisteanasan Alba*, a' tighinn na h-àite.

'S e buidheann ùr a tha ann an *Tèarainteachd Shòisealta na h-Alba* a thàinig dhan Bhòrd airson bruidhinn mu Phlana ullachadh.

Thog Ball ceist am biodh cothrom toirt air buidhnean fo smachd Riaghaltas Bhreatainn planaichean ullachadh. Chaidh an DVLA ainmeachadh mar dheagh eisimpleir 's iad a' togail ìomhaigh na Cuimris tron phoileasaidh dà-chànanachais aca. Ma dh'fhaoidte gun tigeadh cothrom barrachd bhuidhnean a tharraing a-steach fo na Sgìrean Sònraichte.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill na trì buidhnean seo a thoirt a-steach don phròiseas reachdail.

4.3 Plana na Gàidhlig – UHI A Tuath, An Iar Is Innse Gall

Thugadh iomradh air a' Phlana a' togail air na neartan agus laigsean a bha na lùib. Bhathas mothachail nach bu chòir an t-uallach suidhe le luchd-teagaisg na Gàidhlig a-mhàin ach gum biodh an t-ionad air fad ag aithneachadh luach na Gàidhlig agus anns na diofar choimhearsnachdan, agus a' gabhail pàirt mar an ceudna. Chaidh a dhearbhadh gum biodh cothrom ann dèiligeadh ri laigsean aig ìre an sgioba, tron phròiseas dhearcnachaidh.

Tha e follaiseach gu bheil deagh-rùn ann ge-tà, agus bu chòir togail air sin eadar na h-Oifigearan agus a' bhuidheann fhèin le deagh chonaltradh.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ri Plana na Gàidhlig – UHI A Tuath, An Iar Is Innse Gall

5. **Riaghladh**

5.1 **Plana Obrach na Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan**

Thugar fainear Plana-obrach ùr na comataidh. Thugadh taing airson sùbailteachd le ceann-là na coinneimh seo fhèin atharrachadh (a bha còir tachairt san t-Sultain).

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris a' Phlana-obrach.

6. **GISBE**

6.1 **Pròiseas Disclosure Scotland**

Bhathas air cluinntinn bho Bhuidhnean gu bheil am pròiseas seo a' toirt buaidh anns na coimhearsnachdan leis cho fada 's a tha e a' toirt cead agus ùrachadh cead fhaighinn tro Disclosure Scotland. 'S e pròiseas air leth cudromach a th' ann ach bha e follaiseach gun robh e air bacadh a chur air cuid a thachartasan tron bhliadhna.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich an Ceannard coinneamh iarraidh le Disclosure Scotland airson na draghan seo a thogail.

Thug an Cathraiche taing do na Buill agus do na h-Oifigearan airson an fhiosrachaidh mhionaidich ullachadh.

Thàinig a' choinneamh gu crìch aig 10.51m.

Ceann-là na h-ath choinneimh: 10/02/2026

Dùnadh na seisean